

CEITIDH SMITH – ÒRAN 2

Clann a' Ghreusaiche

Òran a tha seo a' nochdadh an dàimh a th' agam do dh'Eilean Ratharsair agus mo chuideachd fhìn, ged a tha na daoine air an sgapadh air feadh an t-saoghail.

The Greusaiche's (Shoemaker) Clan

This sums up my feelings about some of the things that matter most to me, the island of Raasay and my family, wherever they might be in the world.

Thoir mo shoraidh thar an t-saoghail

Hi ri o thill o ho

Dh'ionnsaidh eilean uain' mo ghaoil

Faisg air eilean àrd a' cheò

Hi ri o thill o ho

Dùn Chana fo na neòil

Hi ri o thill o ho, thill o ho, thill o ho

Hi ri o thill o ho, thill o ho, thill o hò

An t-eilean beag a tha cho cliùmhor

Eilean Ratharsair 's e mo rùn

Clachan, Osaig, Manitoba

Fladaigh, Torran, suas gu Rònaigh

Clann MhicLeòid an seo gu bràth

Clann a' Ghriasaiche, mo chàirdean

An dèidh a chogaidh, ghabh an tìr

Cha robh fear san sgrìr' le dhìth air

Shomhairle, thoir a-nall do bhàrdachd

An Cuilthionn is Hallaig

Chaluim, tiugainn nuas an rathad

Bhon a' chaisteal null gu Àrnais

An teaghlach mòr cho deas is àghmhor

Triùir nighean, sianar bhràithrean

Sinn air ar sgapadh feadh an t-saoghail

Beannachd don eilean, 's ar dùrachd